

STORYWORLDS




An t-ailbhean dìochuimhneach



Shoo Rayner

An t-ailbhean dìochuimhneach



An teansa Shoo Rayner
Na dealbhan Shoo Rayner
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Tha fios againn uile gu bheil cuimhne mhath
aig ailbhein. Uill, seo stòraidh mu ailbhean
nach cumadh cuimhne air càil.
'S e Ailidh an t-ainm a bha air.




Aon latha thuir a mhàthair ri Ailidh,
“Fhalbh agus lorg d’ athair agus iarr air
tighinn dhachaigh gu a bhiadh.”

Bha Ailidh toilichte agus dh’fhalbh e a
lorg athar.

“Na dìochuimhnich iarraidh air d’ athair
tighinn dhachaigh gu a bhiadh,”
dh’èigh màthair Ailidh ris.

“Cha dìochuimhnich,” dh’èigh Ailidh agus
e a’ falbh dhan choille.





An ceann greis thachair Ailidh
ri a charaid, Mandaidh am muncaidh.
“Am faca tu m’ athair?” ars Ailidh.
“Chunnaic,” arsa Mandaidh. “Chunnaic
mi e a’ dol sìos chun an loch.”
“Tha agam ri rudeigin innse dha agus
chan fhaod mi a dhìochuimhneachadh,”
thuirt Ailidh.

“Nuair a bhios mise airson cuimhne a chumail air rudeigin bidh mi a’ cur snaidhm air m’ earball,” thuir Mandaidh. “An uair sin chan urrainn dhomh dìochuimhneachadh.” Chuidich Mandaidh Ailidh gus snaidhm a chur air earball, ach bha Ailidh cho mòr is nach b’ urrainn dha an snaidhm fhaicinn.



“Fuirich mionaid! Seo rud nas fheàrr,”
arsa Mandaidh.

“Cuir snaidhm air do thrunca.

Mar sin cha dìochuimhnich thu.”

“Cuidichidh mi fhìn thu,” arsa Mandaidh.

Bha Ailidh toilichte.

“Tapadh leat, a Mhandaidh,” thuirt e.

“Nis cha dìochuimhnich mi.”





Dh'fhalbh Ailidh feuch an lorgadh e athair.
Ach thachair e ri a charaid, Rocaidh an
sròn-adharcach.

“Am faca tu m' athair?” thuirt Ailidh.

“Chunnaic,” arsa Rocaidh. “Bha e aig an
loch.”

“Tha agam ri rudeigin innse dha agus
chan fhaod mi a dhìochuimhneachadh,”
thuirt Ailidh.

“Ma bhios mise airson cuimhne a chumail
air rudeigin, bidh mi a’ cur anann air bàrr
m’ adhairc,” arsa Rocaidd.

“Mar sin cha dìochuimhnich mi.”

“Cuidichidh mise thu a’ cur anann air bàrr
d’ adhairc,” ars esan.





“Siuthad ma-thà,” arsa Rocaidh.


“Nach cuir thu fhèin anainn air bàrr do thosgan. Mar sin cha dìochuimhnich thu.”

“Cuidichidh mi fhìn thu,” arsa Rocaidh.

Bha Ailidh uabhasach toilichte.

“Tapadh leat, a Rocaidh,” thuirt e.

“Nis cha dìochuimhnich mi.”




Dh'fhalbh Ailidh feuch an lorgadh e athair.
Bha e glè thoilichte leis an t-snaidhm
air a thrunca agus na h-anainn air bàrr a
thosgan.

“Nis cha dìochuimhnich mi,” thuirt Ailidh.

An ceann greis ràinig Ailidh an loch.
Chunnaic e athair agus ruith e a-null thuige.
“Halò,” ars athair Ailidh. “Carson a tha
an snaidhm sin air do thrunca
agus na h-anainn sin air do thosgan?
Tha thu a’ coimhead gòrach.”





“Tha an snaidhm sin air mo thrunca agus na h-anainn air mo thosgan gus nach dìochuimhnich mi an rud a thuir Mamaidh rium,” thuir Ailidh.

“Uill,” arsa Dadaidh, “dè thuir Mamaidh?”

“Um,” ars Ailidh. “Um ... Um ... Um ...”

Mu dheireadh thuirtd Dadaidh,
“Nach tèid sinn dhachaigh agus cluinnidh
sinn dè bha Mamaidh ag iarraidh.”



Thug Ailidh an snaidhm far a thrunca
agus thug e na h-anainn far a thosgan.
An uair sin lean e athair air ais tron
choille.





Thàinig gàire air Mamaidh
nuair a chunnaic i iad a' tighinn.

“Rinn thu math, Ailidh,” thuirt Mamaidh.

“Cha do dhìochuimhnich thu iarraidh air
Dadaidh tighinn dhachaigh gu a bhiadh.”

Thug Ailidh sùil air Dadaidh.

Thug Dadaidh sùil air

Ailidh.

Thòisich iad a' gàireachdainn.



An uair sin thòisich màthair

Ailidh a' gàireachdainn cuideachd.

“Ailidh,” thuirt i, “Carson a tha an snaidhm sin agad air d’ earball? Tha thu a’ coimhead èibhinn!”



Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
IBADAN PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© Shoo Rayner 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2004

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004
10 9 8

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Shoo Rayner a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò bhualte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 692 9